

Clàraich airson bhòtadh

Is e aon neach a-mhàin as urrainn clàradh airson bhòtadh a' cleachdadh an fhoirm seo.

Cleachd **inc dubh** agus sgrìobh ann an LITRICHEAN MÒRA no rach air-loidhne aig www.gov.uk/register-to-vote

Rach air-loidhne

Faodaidh tu am foirm seo a lìonadh a-steach aig www.gov.uk/register-to-vote

An t-ainm is an seòladh agad

Ainm(ean)

Sloinneadh

An seòladh agad

Còd-puist

A bheil thu a' fuireach aig seòladh eile?

Chan eil Tha

Ma tha fiosrachadh clò-bhuailte againn nach eil ceart, feuch gun cuir thu sràc troimhe agus gun sgrìobh thu am fiosrachadh ceart.

Air d' ainm atharrachadh anns na 12 mìosan a dh' fhalbh?

Chan eil Tha

Ma tha, thoir dhuinn an t-ainm a chleachd thu roimhe.

Thoir dhuinn an ceann-latha san do dh'atharraich thu d' ainm (LL MM BBBB).

Mar eisimpleir, is dòcha gun do phòs thu.

Air gluasad anns na 12 mìosan a dh' fhalbh?

Chan eil Tha

Ma tha, thoir dhuinn seòladh sam bith roimhe seo far an robh thu a' fuireach sa bhliadhna a dh'fhalbh.

Còd-puist

Mas ann thall-thairis a bha an seòladh seo, an robh thu clàraichte san RA mar neach-tadhail bho thall-thairis?

Cha robh Bha

Chan eil fios agad air d' fhior cheann-latha breith?

Thoir dhuinn an ceann-latha breith a chuir thu air pàipearan oifigeil eile (mar eisimpleir, do chead-siubhail no do chead-dràibhidh) no cuir sràc ann an aon de na bogsaichean.

Do cheann-latha breith (LL MM BBBB)

Mura h-eil fios agad air do cheann-latha breith, cuir sràc ma tha thu:

Fo 18 18 - 70 Nas sine na 70

Do nàiseantachd

Ma tha barrachd air aon

nàiseantachd agad, cuir sìos iad uile. Feumaidh cead fuirich a bhith agad mus fhaod thu clàradh airson bhòtadh san RA. Faodaidh sinn an inbhe in-imrich agad a dhearbhadh le Oifis na Dùthcha mus cuir sinn thu air a' chlàr bhòtaidh.

An àireamh Àrachais Nàiseanta agad

Faodaidh tu seo a lorg air do bhileag-pàighidh, no air litrichean oifigeil mu chisean, pheinnseanan no shochairan.

Mura h-urrainn dhut an àireamh Àrachais Nàiseanta agad innse

dhuinn, is dòcha gum feum sinn dearbhadh iarraidh ort air do dhearbh-aithne. Cuiridh sinn fios thugad mu dheidhinn seo, agus is dòcha gun toir e nas fhaide dhuinn dèiligeadh leis an tagradh agad.

Chan eil fios agad air do cheann-latha breith, do nàiseantachd no an àireamh Àrachais Nàiseanta agad?

Nach innis thu dhuinn carson.

Fiosrachadh air do shon

Àireamh(an) fòn

Seòladh post-d (ma tha fear agad) ann an LITRICHEAN MÒRA

Chan fheum thu fiosrachadh a thoirt dhuinn air do shon, ach ma nì thu sin cuidichidh e sinn le bhith a' cur fios thugad mun chlàradh agad.

An clàr fhosgailte

Chan eil mi airson gum bi m' ainm is mo sheòladh ga chur air a' chlàr fhosgailte.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun chlàr fhosgailte air duilleag 4 den fhoirm seo.

Chan urrainn dhut bhòtadh gu pearsanta?

Mura h-urrainn dhut a dhol gu pearsanta don ionad bhòtaidh air an latha bhòtaidh, feuch gun tagh thu an dòigh sam bu thoil leat bhòtadh agus cuiridh sinn foirm thugad.

- Tron phost
 Tro neach-ionaid (cuideigin a' bhòtadh às do leth)

Faodaidh tu cuideachd foirm tagraidh a luchdachadh sìos aig www.aboutmyvote.co.uk.

Foillseachadh

Cho fada 's as aithne dhomh, tha am fiosrachadh a tha san fhoirm seo fìor. Tha mi a' tuigsinn gun tèid am fiosrachadh a thug mi seachad anns an fhoirm seo a chleachdadh air a' chlàr bhòtaidh.

Tha mi a' tuigsinn mura dèan mi tagradh airson clàradh nuair a thèid iarraidh orm, gum faodar càin de £80 a chur orm.

Tha mi a' tuigsinn gur e eucoir a th' ann fiosrachadh meallta a thoirt seachad a dh'aon ghnothaich san fhoirm seo, agus gum faodar càin suas ri £5,000 agus/no binn prìosain suas ri sia mìosan a chur orm.

Ainm sgrìobhte

Ceann-latha (LL MM BBBB)

A-nis cuir d' ainm ris an fhoirm agus till e

Cuir am foirm le d' ainm anns a' chèis ro-phàighte – no cuir e chun an t-seòlaidh a tha air duilleag 1 den fhoirm seo.

